



A' taghadh Àm Ri Teachd na h-Alba
Còmhradh Nàiseanta www.anationalconversation.com

Àm Ri Teachd na h-Alba: Gabh Pàirt san Deasbad
 Slàinte Is Fallaineachd



FACAL BHON PHRÌOMH MHNISTEAR

FÀILTE OIRBH DON CHÒMHRADH NÀISEANTA - COTHROM GUN SAMHAIL DHUIBH BEACHDACHADH IS DEASBAD AIR NA CÙISEAN AS CUDROMAICHE A THA A' TOIRT BUÀIDH AIR ALBA

Thar nan deich bliadhna a chaidh seachad tha Pàrlamaid na h-Alba air sealltainn mar a dh'fhaodas Alba a riaghladh fhèin gu soirbheachail le bhith a' lorg fhuasglaidhean sònraichte is innleachdadh do chùisean a tha cudromach do dh'Alba.

Tha mise pròiseil gur mi Prìomh Mhinistear na h-Alba agus moiteil às na choilean sinn anns an ùine sin. Le bhith a' cur às do chùisean oideachaidh, libhrigeadh cùram do sheann daoine, bacadh àrdachadh na cise coimhearsnachd, gearradh reataichean gnothaich, solarachadh an àireamh oifigearan poileis as àirde a bh' againn riamh agus dèiligeadh ri cùisean slàinte is foghlaim, tha mise a' creidsinn gu bheil Pàrlamaid is Riaghaltas na h-Alba air diofar susbainteach a dhèanamh do bheatha an t-sluaigh.

Ach is e slighe a th' ann an tiomnadh cumhachd, chan e tachartas a-mhàin, agus seo an t-àm airson ath-bheithneachadh agus ath-neartachadh dleasan Pàrlamaid na h-Alba.

Tha an èiginn eaconamach a th' ann an-dràsta air sealltainn gu

soilleir an iomadh laigse anns an rèite bhun-reachdail a th' againn. Chan eil ach glè bheag comais aig Alba reataichean cise isleachadh airson spreigeadh fiosgaileach a bhrosnachadh. Chan urrainn dhuinn iasad airgid fhaighinn gus obraichean poblach a mhaoineachadh, no atharrachadh a dhèanamh air sochairean, peinnsean no creideasan cise a rèir feumalachdan na h-Alba. Tha Alba an eisimeil cho-dhùnaidhean a nithear le Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte aig Westminster.

Chan eil ach beagan roghainn againn cuideachd air cùisean leithid atharrachadh cliomaid, ana-caitheamh deoch làidir agus tasgadh ann an connadh so-ùrachaidh.

Tha sinne a' creidsinn gum bu chòir do dh'Alba a bhith ionnan ri dùthaich neo-eisimeileach Eòrach sam bith eile, ag obair ann an com-pàirteachas le ar nàbaidhean, le ar guth fhèin agus le làn chomas feumalachdan sluaigh ar nàisein fhèin a choileanadh. Sin an t-adhbhar a tha sinn airson referendum a chumail aig deireadh 2010, gus am faigh sibhse cothrom air co-dhùnadh.

Ach dè tha Alba neo-eisimeileach a' ciallachadh dhuibhse?

Tha an Còmhradh Nàiseanta ann airson fiosrachadh a thoirt dhuibh, eisteachd ri bhur beachdan agus cothroman deasbaid a libhrigeadh air cùisean anabarrach cudromach do àm ri teachd na h-Alba. Tha sinne a' creidsinn gu bheil feum air sin gus am faigh sibhse air roghainn *bheachdail* a dhèanamh anns an referendum.

Tha a' bhileag seo na pàirt den phròiseas leantailach sin a tha gar cumail fiosrach mu na cothroman agus a' bhuaidh a bhios aig Alba neo-eisimeileach.

Tha mi a' dèanamh fiughair ri bhith a' deasbad nan ceistean sin leibh.

Am Fìor Urramach Ailig Salmond BPA



Cùram Pearsanta is Ban-altraim An-asgaidh agus Cuibhreann Frithealaidh

Bha Alba air thùs ann a bhith a' toirt cùram pearsanta is ban-altraim an-asgaidh do sheann daoine le feumalachdan cùram dearbhte. B' e freagairt Riaghaltas na RA an cuibhreann frithealaidh a thoirt air falbh bho sheann daoine a bha a' faighinn cùram pearsanta an-asgaidh ann an dachaighean cùram. Phàigh Riaghaltas na h-Alba airgead diolaidh don fheadhainn air an tug seo buaidh gus nach biodh iad fo anacothrom.

PRÌOMH CHEISTEAN:

Ciamar a b' urrainn do dh'Alba neo-eisimeileach seirbheisean slàinte agus seirbheisean eile amaladh nas fheàrr gus feumalachdan sluaigh na h-Alba a choileanadh?

Ciamar a bu chòir do dh'Alba neo-eisimeileach riaghladh nas fheàrr a dhèanamh air a' mhargaidh thaighean?

Ciamar a dh'fhaodadh Alba neo-eisimeileach làn chumhachdan poileasaidh is maoinachaidh a chleachdadh gus ath-bheothachadh a thoirt air a' mhargaidh thaighean?

Dè na dòighean eadar-dhealaichte sam bu chòir don t-seirbheis shochairan sòisealta obair ann an Alba neo-eisimeileach?



NICOLA STURGEON BPA

LEAS-PHRÌOMH MHNISTEAR AGUS MNISTEAR A' CHAIBINEIT AIRSON SLÀINTE

Is e slàinte is fallaineachd an t-sluaigh aon de na dleasan as cudromaiche a th' air riaghaltas sam bith. Tha slàinte, taigheadas freagarrach agus siostam shochairan a bheir dìon don fheadhainn as laige nam bunait do chomann sòisealta sìobhaltach sam bith.

Tha tiomnadh cumhachd air mòran de na cumhachdan as cudromaiche a thoirt do dh'Alba airson inbhean àrda a ruighinn. Tha mise moiteil gu bheil sreath de riaghaltasan tiomnaichte air strì gus na cumhachdan aca a chleachdadh san dòigh as èifeachdaiche airson feumalachdan sluaigh na h-Alba a choileanadh.

Tha an toirmeasg air smocadh ann an àiteachan poblach, cùram pearsanta is ban-altraim an-asgaidh do sheann daoine, isleachadh ann an cosgaisean sgrìobhaidhean-cungaidh, tòiseachadh a-rithist air taighean comhairle a thogail agus

taic do luchd-seilbh thaighean ann am margaidh dhùbhlach uile a' sealltainn dè as urrainn do dh'Alba dèanamh air a son fhèin. Ach, tha mise airson gum bi an cothrom aig an riaghaltas seo – agus a h-uile riaghaltas a thig às ar dèidh – gach cumhachd a th' ann a chleachdadh airson piseach a thoirt air beatha sluaigh na h-Alba.

Feumaidh an riaghaltas gu lèir fhuasglaidhean innleachdail a chleachdadh gus dèiligeadh ri dùbhlain leithid na h-èiginn taigheadais. Tha sinne air sin a libhrigeadh a rèir nan dleasan a th' oirnn an-dràsta ach tha atharrachaidhean mòra, leithid tasgadh susbainteach ùr ann an taighean priobhaideach air mhàl air am bacadh le riaghailtean na RA air cusbainn stampa, a' cur luchd-tasgaidh a tha airson mòran thaighean a cheannach fo anacothrom le cisean aig reat àrd.

Tha e na chùis nàire gu bheil uiread

bochdainn cloinne is seann daoine ann an Alba agus i cho beairteach a thaobh ola. Bheireadh neo-eisimeileachd cothrom dhuinn an siostam shochairan againn ath-eagrachadh gus dèiligeadh ri seo le bhith ga cheangal nas dlùithe ri taigheadas, foghlam, comas cosnaidh agus poileasaidhean slàinte.

Chan eil an Còmhradh Nàiseanta dìreach mu dheidhinn cumhachdan reachdais is dleasan. Tha e mu dheidhinn ciamar a chleachdar na dleasan ùra seo airson dèiligeadh ris na cùisean a tha sinn uile a' làimhseachadh bho latha gu latha. Tha mi an dòchas gun coimhead sibh ris an fhianais, gum beachdaich sibh air an fhiosrachadh agus gun gabh sibh pàirt san deasbad, gus an urrainn dhuibh co-dhùnaidhean fiosrachail – agus anabarrach cudromach – a dhèanamh mun àm ri teachd ann an Alba.

Slàinte Is Fallaineachd

Ma tha eaconamaidh làidir dol a bhith againn feumaidh ar sluaigh a bhith fallain. Tha Alba air sealltainn mar-thà gun urrainn dhuinn an siostam slàinte againn a ruith gu soirbheachail ann an dòigh chothromach airson piseach a thoirt air slàinte na h-uile.

Tha sinne ag iarraidh gum bi seirbheisean slàinte na h-Alba fhathast an-asgaidh aig àm lìbhrigidh cho fada 's a ghabhas sin a dhèanamh, le siostam slàinte aonaichte stèidhichte air co-obrachadh seach margaidh.

Tha sinn cuideachd airson seirbheis slàinte a thogail a tha a' cuimseachadh air sgìrean ionadail, le feumalachdan nan euslainteach aig cridhe chùisean, a tha a' brosnachadh slàinte is fallaineachd agus a' toirt ionnsaigh air anacothroman slàinte cho math

ri bhith a' leigheas tinneas agus a' sior thoirt piseach air càileachd cùraim.

Fon t-seann riaghaltas, bha sinn air thoiseach san RA a' toirt a-steach reachdas airson smocadh a thoirmeasg ann an àiteachan poblach. Tha am Bile Tombaca agus Bun Sheirbheisean Slàinte (Alba) airson tuilleadh a dhèanamh gus clann na h-Alba a dhìon bho dhroch bhuaidh tombaca agus is e Alba a' chiad dùthaich san RA a chuireas toirmeasg air innealan reic tombaca.

Tha sinn cuideachd air thùs a' dèiligeadh ri cùisean slàinte a bhuineas ri deoch làidir, tro reachdas a tha san amharc air prìsean as ìsle. Dh'fhaodar na gnìomhan seo a neartachadh le bhith a' ceangal cusbainn is cìsean dìbhe ri neart alcoil, nan robh na cumhachdan tiomnaichte againn gus sin a dhèanamh.

Gun teagamh, tha mòran air a choileanadh mar-thà leis na cumhachdan tiomnaichte a th' againn an-dràsta. Ach, tha iomadh cùis chudromach ann far a bheil fuasglaidhean fhathast a dhìth, leithid riaghladh nam proifeiseanan slàinte, saidheans gintinneachd, cunngaidhean, stòrasan meidigeach agus puinnseanan, a tha uile fhathast glèidhte aig Riaghaltas na RA.

Saoil dè eile a ghabhadh dèanamh nam biodh làn chumhachd aig Alba a poileasaidhean slàinte gu lèir a cho-dhùnadh a dh'aon ghnòthach airson feumalachdan sluaigh na h-Alba a fhreagradh.



Taigheadas agus Coimhearsnachdan

Faodaidh Alba dèiligeadh ri taigheadas ann an dòigh innleachdach a chionn gu bheil mòran poileasaidh taigheadais tiomnaichte mar-thà, a' gabhail a-steach maoiniachadh, dealbhadh, còirichean gabhaltais, càileachd taigheadais agus lagh cuid-seilbhe.

Ach, tha cumhachdan fhathast aig Riaghaltas na RA air prìomh roinnean a tha cudromach airson beatha as ùr a chur ann am margaidh thaighean na h-Alba. Nam measg tha cìsean (a' gabhail a-steach cìs oighreachd agus cusbainn stampa), sochair taigheadais, iasad aig ìre riaghaltais agus riaghladh mhorgaidsean.

Chan urrainn do ghnìomhan a tha airson dèiligeadh ri cùisean fiosgaileach na RA air fad a bhith buileach freagarrach do ghluasadan ann am prìsean thaighean an Alba, a bha tric glè eadar-dhealaichte ris a' chòrr den RA. Mar eisimpleir, anns an roinn màl priobhaideach, tha riaghailtean air cuibhreannan taigheadais ionadail a' buntainn ris an RA air fad, a dh'aindeoin eadar-dhealachadh ann am



poileasaidh is a' mhargaidh thaighean ann an diofar àiteachan. Tha seo uile gar cuingealachadh ann a bhith a' coileanadh feumalachdan taigheadais na h-Alba.

Tha Riaghaltas na RA cuideachd gar bacadh a thaobh fiachan taigheadais ùghdarrasan ionadail, cùis fìor chudromach. Anns a' chumantas, bha cosgais iasadan taigheadais comhairle a' caitheamh 23% den teachd-a-steach bho mhàl ann an 2007-08, ach ann an sia comhairlean bha e thairis air trìan den t-suim. Tha riaghailtean cuibhreachail Roinn an Ionmhais a' lùghdachadh ar comais gus làimhseachadh nas èifeachdaiche a dhèanamh air an uallach fhìachan seo.

Tha Riaghaltas na h-Alba air na leanas a dhèanamh gus an èiginn creideis ann an taigheadas a lasachadh:

- £120 millean a ghluasad air adhart bho 2010-11 a chuidicheas le taighean aig prìs reusanta a thogail, ann an com-pàirteachadh le ùghdarrasan ionadail a chuir £40 millean san t-suim seo
- Stòras Taic Luchd-seilbh Thaighean a thòiseachadh a bhios, còmhla ris an Sgeama Morgaidis gu Màl agus sgeama ùr Morgaidis gu Roinneadh Prothaid, a' cuideachadh le £35 millean a thogail airson daoine a dhìon a tha ann an cunnart an taigh a chall
- Roinneadh Prothaid Margaidh Fhosgailte a leudachadh le buidseat £60 millean ann an 2009-10 a chuidicheas barrachd theaghlaicean a bhith a' ceannach aig na h-ìrean as ìsle sa mhargaidh
- Sealltainn gun dàil air dòighean a bu chòir do reachdas glèidhte no tiomnaichte a neartachadh gus dìon a thoirt do dhaoine a bha an cunnart an taigh a chall



Tha sinn a' strì gus fàs seasmhach eaconamach a chur am meud, aghaidh a chur ri bochdainn agus daoine as urrainn obair a chuideachadh gus àirde an comais a ruighinn tro chosnadh.

Tha poileasaidhean a' buntainn ri sochairean is peinneanan, creideasan cìse agus taic fastaidh anabarrach cudromach ann a bhith a' lasachadh bochdainn is teachd-a-steach iosal. Ach, fon structar bhun-reachdail a th' againn an-dràsta tha na cumhachdan seo glèidhte aig Riaghaltas na RA airson na mòr-chuid. Tha seo a' ciallachadh gu bheil Riaghaltas na h-Alba:

- air a chasg a thaobh atharrachadh a thoirt air rianachd shochairean, creideasan cìse no taic fastaidh
- air a chasg a thaobh atharrachadh a thoirt air sochairean no peinneanan, creideasan cìse no taic fastaidh ann an Alba, agus diùltadh gabhail ri atharrachadh sam bith a nì Riaghaltas na RA
- air a chasg a thaobh barrachd a chur ri sgeamaichean a th' anns

an RA an-dràsta gun cunnart gun caill an neach-gabhail sochairean no creideasan cìse na RA

- air a chuingealachadh a thaobh poileasaidhean tiomnaichte a leasachadh air sgàth an eadar-obrachaidh leis na siostaman shochairean, creideasan cìse is taic fastaidh a tha uile air an riaghladh aig ìre na RA

Tha seo uile a' bacadh chothroman do mhòran de na daoine as bochda ann an Alba.




Sochairean, Creideasan Cìse agus Taic Fastaidh

Tha cha mhòr aon às gach còignear san t-sluaigh beò ann am bochdainn cho-shamhlach.

Tha barrachd bochdainn cloinne is seann daoine ann an Alba agus san RA na an ìre chuibheasach san Aonadh Eòrpach (AE).

Àireamh à Ceud de Chlann is Seann Daoine ann am Bochdainn Cho-shamhlach (fo 60% tuarastal meadhanail), 2006



Tobar: DWP, Suirbhìdh air Stòrasan Teaghlach agus Eurostat, Reataichean ann an Cunnart Bochdainn